

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Àird na Gaoithe

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,070. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 766 corresponds to Litir 1,070.

Ann an Alba, tha sinn a’ fuireach ann an tè de na dùthchannan as gaothaiche anns an Roinn Eòrpa. Tha sin nar fàbhar oir tha e a’ leigeil leinn cumhachd an dealain a chruthachadh ann am pailteas, le crainn-ghaoithe an dà chuid air tìr agus far nan cladaichean aig muir.

Chan eil e na iongnadh, ma-thà, gu bheil seanfhaclan gu leòr againn co-cheangailte ris a’ ghaoith. Tòisicheamaid le fear a tha car fàbharach: **Cha do shèid gaoth riamh nach robh an seòl cuideigin.** A bheil sibh ga thuigsinn? **Às bith** dè an àird às an tig a’ ghaoth, gheibh cuideigin buannachd aiste – sin mura h-eil i ro làidir. Ach tuigidh sibh, gu bheil e cuideachd a’ buntainn ri staid mac an duine. **Às bith** dè cho dona ’s a tha suidheachadh do chuid, bidh feadhainn a’ faighinn buannachd às. *Cha do shèid gaoth riamh nach robh an seòl cuideigin.*

Tha uiread de dhualchas co-cheangailte ri ro-innse na h-aimsir ann an saoghal nan Gàidheal, ’s gu bheil facal sònraichte againn airson neach a dh’innseas mar a bhios an t-sìde a rèir na chì iad anns an adhar – *màirnealach*.

Seo agaibh abairtean eile co-cheangailte ris a’ ghaoith, agus gu sònraichte àird na gaoithe a rèir na combaist. *Gaoth an iar an dèidh uisge reamhar.* An dèidh uisge trom a bhith ann, gu math tric bidh a’ ghaoth a’ tighinn on àird an iar.

Gaoth an iar gun fhras, bidh i ag iarraidh gu deas. Ma tha i tioram on àird an iar, bidh a’ ghaoth gu tric a’ dol tuathal, a’ gluasad an aghaidh gluasad na grèine. Tha dà abairt eile mu ghluasad na gaoithe. *A’ ghaoth ag atharrachadh leis a’ ghrèin.* Nuair a bhios a’ ghaoth ag atharrachadh gu deiseil, ’s e comharra de dh’aimsir a tha a’ fàs nas fheàrr. Calg-dhìreach an aghaidh sin tha *A’ ghaoth ag atharrachadh an aghaidh na grèine.* Tha sin na chomharra de dh’aimsir a tha a’ dol am miosad. Tha na dhà mu dheireadh ’s dòcha a’ buntainn ri gluasad deiseil is tuathal na gaoithe ann an siostaman bruthadh-àrd is bruthadh-ìosal anns an Leth-chruinne mu Thuath.

Dè a’ ghaoth as lugha air muinntir na h-Alba a bhios ri obair no cur-seachadan a-muigh? Tha sin follaiseach, gu h-àraidh aig an àm seo dhen bhliadhna, nach eil? A’ ghaoth tuath. Tha i cianail fhèin fuar.

Ach bha ar sinnsirean a’ mothachadh rud no dhà mun ghaoith sin nach robh buileach cho dona. Mar eisimpleir – *’S i a’ ghaoth tuath a sgaoileas ceò.* ’S i a’ ghaoth tuath a sgaoileas ceò. Agus *Gaoth tuath am beul na h-oidhche, cha robh i riamh buan.* Gaoth tuath am beul na h-oidhche, cha robh i riamh buan.

Agus seo agaibh rann snog a bheir comhairle do luchd-siubhail air bàtaichean-aiseig an taoibh an iar. Tha e a-mach air na làithean as fheàrr airson a bhith a' seòladh, a rèir àird na gaoithe agus cho fada 's a tha i air a bhith a' sèideadh:

*A' chiad latha dhen ghaoith a deas,
An treas latha dhen ghaoith a tuath,
An dàrna latha dhen ghaoith an iar
'S a' ghaoth an ear gach ial 's gach uair*

Ma tha sibh am beachd tiogaid aiseig a cheannach aig a' mhionaid mu dheireadh, 's dòcha gum bi a' chomhairle sin gu math feumail dhuibh!

* * * * *

Faclan na Litreach: nar fàbhar: *in our favour*; màirnealach: *a person who foretells the weather by looking at the sky and clouds*; àird: *compass point*; cianail fhèin fuar: *exceedingly cold*; a' sèideadh: *blowing*.

Abairtean na Litreach: tè de na dùthchannan as gaothaiche anns an Roinn Eòrpa: *one of the windiest countries in Europe*; tha e a' leigeil leinn cumhachd an dealain a chruthachadh ann am pailteas: *it allows us to create a lot of electrical power*; far nan cladaichean: *off the coast(s)*; chan eil e na iongnadh: *it's not a surprise*; tha uiread de dhualchas co-cheangailte ri ro-innse na h-aimsir: *there is so much heritage connected to weather forecasting*; gaoth an iar an dèidh uisge reamhar: *west wind after heavy rain*; gaoth an iar gun fhras, bidh i ag iarraidh gu deas: *a west wind without rain, it tends to seek the south (ie it 'backs')*; a' gluasad an aghaidh gluasad na grèine: *moving against the movement of the sun*; a' ghaoth ag atharrachadh leis a' ghrèin: *the wind changing with the sun (ie 'veering')*; calg-dhìreach an aghaidh sin: *directly against that*; a tha a' dol am miosad: *that is deteriorating*; siostaman bruthadh-àrd is bruthadh-ìosal anns an Leth-chruinne mu Thuath: *high pressure and low pressure zones in the Northern Hemisphere*; dè a' ghaoth as lugha air muinntir na h-Alba a bhios ri obair no cur-seachadan a-muigh?: *which wind is least favoured by the people of Scotland who work outdoors or are engaged in outdoor pursuits?*; 's i a' ghaoth tuath a sgaoileas ceò: *it's the north wind that dissipates mist*; gaoth tuath am beul na h-oidhche, cha robh i riamh buan: *a north wind at nightfall never lasted long*; a' chiad latha dhen ghaoith a deas: *the first day of the south wind*; an treas latha dhen ghaoith a tuath: *the third day of the north wind*; an dàrna latha dhen ghaoith an iar: *the second day of the west wind*; a' ghaoth an ear gach ial 's gach uair: *the east wind at all times*; ma tha sibh am beachd tiogaid aiseig a cheannach aig a' mhionaid mu dheireadh: *if you're intending to buy a ferry ticket at the last minute*.

Puing-chànain na Litreach: Às bith dè cho dona 's a tha suidheachadh do chuid: *however bad the situation is for some people*. Às bith can stand for 'however', 'whoever', 'whatever' or 'wherever'. Às bith cò nochdas nar n-aghaidh, nì sinn a' chùis orra 'whoever appears against us, we'll defeat them'.

Seanfhacal na Litreach: Cha do shèid gaoth riamh nach robh an seòl cuideigin: *no wind ever blew that did not fill someone's sails*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA